


JUNE GAELIC BROADCASTS.

- Thursday, 2nd June—
5.30-6 p.m.—Children's Hour, Gaelic Broadcast from An Clachan, Empire Exhibition.
- Monday, 6th June—
7.20-7.25 p.m.—Gaelic News.
- Wednesday, 8th June—
6.25-6.40 p.m.—Gaelic Talk by Farquhar MacRae. "Mu'n cuairt na cagailte."
- Thursday, 9th June—
7.45-8.15 p.m.—Ceol measgaichte. Merry Melodies.
- Monday, 13th June—
7.20-7.25 p.m.—Gaelic News.
- Tuesday, 14th June—
3.45-4 p.m.—Jean Cameron Greer. Recital of Gaelic Songs.
6.20-6.30 p.m.—"Rud de na thachair." Rev. J. K. Murchison, B.A.
- Thursday, 16th June—
9.30-10 p.m.—A Summer Feature. Arranged Pat Sandeman.
- Saturday, 18th June—
5.30-6 p.m.—Children's Hour, Gaelic Features.
- Monday, 20th June—
7.20-7.25 p.m.—Gaelic News.
- Tuesday, 21st June—
3.45-4 p.m.—Recital of Gaelic Songs. Alex. J. MacDonald.
- Wednesday, 22nd June—
6-6.15 p.m.—"Sgeul Iomraidh Miosail Ghaidhlig." Gaelic News Review. By Duncan MacCallum.
- Friday, 24th June—
8.15-8.45 p.m.—"Trioblaidean Eachainn Croitear no Mar a Reiceadh na gamhna." Le Aonghas MacDhomhnaill, air a dhealbhadh le Eoghann Mac-a-phi.
- Monday, 27th June—
7.20-7.25 p.m.—Gaelic News.
- Tuesday, 28th June—
3.45-4 p.m.—Gaelic Recital. Catherine M. Clark.
6.30-6.45 p.m.—"Na Seann Laoich," Rev. Donald MacKinnon, B.Ped.
- Wednesday, 29th June—
9.30-10 p.m.—A Ceilidh from the Empire Exhibition.

TOIMHSEACHAIN IS SEAN-FHACAIL.

**Chan 'eil e a muigh 's chan 'eil e a stigh,
'S tha e eadar an dà thigh,
'S tomhais e.**

AN GLUT LIONAIDH,
or, GLUTARAN.

Bha dòigh mhath aig na Gaidheil air togail thighean.

Bha, mar gum biodh, dà thigh ann, agus an dara thigh am broinn an tigh eile.

Mar so, bha dà bhalla air gach taobh de'n tigh, am balla a muigh, agus am balla a stigh.

Bha sloc eadar an dà bhalla.


Lionadh iad an sloc le grinneal no ùir.

B'e sin an glut lionaidh.

Eadar an dà bhalla, bhithheadh, theagamh, sia troighean de thiugheadh.


Dheanadh sin tigh seasgair, dìonach.

Tha an tughadh 'na sheasamh air a' bhalla a stigh.

TOIMHSEACHAN.

**Chan 'eil e a muigh,
'S chan 'eil e a stigh,
'S cha tig an tigh as 'eugmhais.**

CLIATHAN NA H-UINNEIGE.

TOIMHSEACHAN.

**An uair a chuireas tu an t-sùil as,
Is ann is fhearr a chì e.**

UINNEAG.

Is i sùil gach tigh e an uinneag.

Tha trì sùilean anns an uinneig so.

Tha té dhiubh a mach.

Tha i briste.

Chì thu troimpe na's fhearr, a nis.

Chì thu a' ghealach gu soilleir.

Ach b' fhearr leam-sa uinneagan mo thighe-sa a bhi slàn, gun a bhi briste.